

# Slatan-tomhais

# Ealain Chruthachail

Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha Slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a sholarachadh air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-Ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbhalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Bidh tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail is cosnaidh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha Slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri còmhradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas cuimseachd gus measadh a dhèanamh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le taic a chur ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir slatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga a thuigsinn agus a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachaidh bho ghnìomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir, air a' bhlàr a-muigh no air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraidhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

## Slatan-tomhais ann an raointean curraicealam

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de dh'fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ìre as àirde. Cuidichidh seo le eallach-obrach a sheachnadh a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

## Litearrachd agus Àireamhachd

Ann an litearrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro chiuimseachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de dh'fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de dh'fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, tuigse agus sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre;
- dèiligeadh cunbhalach math leis an ìre **dùbhlain** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ìre shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichearan anns gach raon den churraicealam.

## A' planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Shlatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÉANAR
<ul style="list-style-type: none"> <li>Cleachd Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ìre, agus gus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan de an uair a tha neach-ionnsachaidh air ìre a choileanadh.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraidh air adhartas chloinne.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de dh'fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Slatan-tomhais a chleachdadh gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadh airson nan ath cheumannan dùbhlach ann an ionnsachadh, a phlanadh.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na tòisich a' dèanamh bhreithneachaidhean air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cùm ri litearrachd agus àireamhachd.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na cruthaich dòighean-obrach mì-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh.</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na comharraich dheth Slatan-tomhais fa leth.</li> </ul>

## Ealain Chruthachail Tràth-Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<p><b>Ealain agus Dealbhadh</b></p>	<p>Tha saorsa agam dòighean a lorg agus a thaghadh airson iomhaighean is cruthan a dhèanamh, a' cleachdadh diofar stuthan.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-02a</p> <p>Is urrainn dhomh raon de dh'fhiosrachadh lèirsinneach a chruthachadh tro bhith ag amharc agus a' clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh tarsainn a' churraicealaim.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-04a</p> <p>Le diofar sheòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a chur an cèill tro obair ann an ealan agus dealbhadh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-05a</p> <p>Ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, tha mi a' cleachdadh mo mhiann air ionnsachadh agus mo mhac-meanmna airson ceistean dealbhaidh fhuasgladh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Clàradh bho eòlasan tarsainn a' churraicealaim, mar eisimpleir, tro amharc agus cuimhneachadh, dèanamh modail no dealbh stèidhichte air taobh den àrainneachd nàdarach leithid nithean nàdarach às a' chladach, air an tuath, ann an coille.</li> <li>• Fuasgladh dhuilgheadasan dealbhaidh sìmplidh, ag obair leotha fhèin agus le càch a' cleachdadh ìre de dheuchainn agus mearachd, mar eisimpleir, dealbhadh soitheach shìmplidh airson adhbhar aontaichte.</li> <li>• Ag aithneachadh dath, loidhne, cumadh agus co-dhiù aon eile de na h-eileamaidean lèirsinneach: cruth, tòn, pàtran, eadar-fhigheachd.</li> <li>• Roinn smuaintean is fhaireachdainnean mar fhreagairt don obair aig co-dhiù aon neach-ealain agus aon neach-dealbhadh, a' toirt adhbharan airson nan nithean as toil agus nach toil.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd mar as iomchaidh ri beachdan chàich mu an obair fhèin agus obair chàich.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh iomhaighean agus nithean airson beachd-smuaintean, meòrachaidhean agus faireachdainnean a nochdadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh measgachadh de stuthan a tha ri làimh agus teicneòlas;</li> <li>• nochdadh tuigse gum faod diofar fheartan a bhith co-cheangailte ri loidhne, mar eisimpleir, tiugh, caol, briste, camagach.</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' labhairt air mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean. Is urrainn dhomh gabhail ri agus beachdan cuideachail a thoirt seachad mun obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-07a</p>	
<p><b>Dannsa</b></p>	<p>Tha cothrom agus saorsa agam dòighean a thaghadh agus fheuchainn a-mach san urrainn dhomh gluasad le ruitheam, faireachdainn agus toileachas.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-08a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a chur an cèill tro obair chruthachail ann an dannsa.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-09a</p> <p>Tha cothroman agam tlachd a ghabhail à bhith a' gabhail pàirt ann an dannsa.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-10a</p> <p>Is urrainn dhomh mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean mu dhannsa a dheasbad. Is urrainn dhomh beachd reusanta a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Coileanadh raon de ghluasadan is gluasadan-bodhaig sìmplidh, ath-aithrisichte, agus a dh'aon ghnòthaich.</li> <li>• Cleachdadh bheàrnan agus stòrasan gu cruthachail.</li> <li>• Taghadh agus rannsachadh dhòighean air gluasad gu ruitheamach, le faireachdainn agus gu cleasachdail.</li> <li>• Com-pàirteachadh ann an dannsa air a theagasg agus/no gluasadan cruthachail air an innleachadh le comhaoisean.</li> <li>• Taisbeanadh tuigse gu bheil dannsa air a dhèanamh suas de ghluasadan saor agus gluasadan-bodhaig le chèile, gu h-àbhaisteach air an gnìomhadh ri ceòl no buille.</li> <li>• Roinn am freagairtean do bhrosnachaidhean tro ghluasad le, mar eisimpleir, comhaoisean no neach-cleachdaidh.</li> <li>• Roinn smuaintean agus fhaireachdainnean mar fhreagairt do fhèin-fhiosrachadh air dannsa, mar ghnìomhaiche no mar phàirt de luchd-èisteachd, a' toirt adhbharan airson nithean as toil agus nach toil.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich mu an obair fhèin no obair chàich.</li> </ul>

<p><b>Dràma</b></p>	<p>Tha saorsa agam taghadh a dhèanamh agus feuchainn a-mach mar a chleachdas mi guth, gluasad agus faireachdainn ann an riochd-gabhail agus dràma. <b>EXA 0-12a</b></p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' faireachdainnean a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma. <b>EXA 0-13a</b></p> <p>Tha mi a' cleachdadh dràma gus suidheachaidhean fìor agus mac-meanmnach a sgrùdadh, nì a tha gam chuideachadh gus mo shaoghal a thuigsinn. <b>EXA 0-14a</b></p> <p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachainnean mu dhràma a dheasbad. Is urrainn dhomh gabhail ri beachdan breithneachail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus obair chàich. <b>EXA 0-15a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gabhail pàirt ann an dealbh-chluich no suidheachadh dràmach, mar eisimpleir, cuir le pupaidean, suidheachadh fìor no sa mhac-mheanmhainn, ath-ghnìomhadh air sgeul no sgeulachd thraidiseanta.</li> <li>• Conaltradh bheachd-smuaintean agus faireachdainnean a' cleachdadh thaobhan den ghuth leithid meud, faireachdainn agus soilleireachd.</li> <li>• Conaltradh bheachd-smuaintean agus faireachdainnean a' cleachdadh gluasad, mar eisimpleir, tro chànan bodhaig, gluasadan-bodhaig, gnìomhan agus giùlan.</li> <li>• Conaltradh bheachd-smuaintean agus faireachdainnean a' cleachdadh coltasan aodainn, mar eisimpleir, airson toilichte, brònach, feargach, eagalach a thaisbeanadh.</li> <li>• Ag innse tro dhràma dè dh'fhaodadh caractaran ann an suidheachaidhean fìor no mac-meanmhainneach a ràdh, a dhèanamh no faireachdainn, mar eisimpleir, a bhith troimh-chèile mu chall dèideig, dè chanadh caractar ann an seann-sgeul aithnichte no ciamar a bhiodh iad a' faireachdainn.</li> <li>• Conaltradh am beachd-smuaintean tro dhràma gun ullachadh, 's e sin, ga dhèanamh suas mar a rachas iad air adhart.</li> <li>• Roinn smuaintean is beachdan mu eòlasan dràma, aig àm deasbaid mu caractaran no mu thachartasan san dràma, a' toirt adhbharan airson nithean as toil agus nach toil.</li> <li>• Roinn beachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich mu an obair fhèin agus obair chàich.</li> </ul>
<p><b>Ceòl</b></p>	<p>Is toil leam a bhith a' seinn agus a' cluich le ceòl de dhiofar stoidhlichean agus chultaran. <b>EXA 0-16a</b></p> <p>Tha saorsa agam mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh airson a bhith a' cluich le fuaim agus ruitheam, agus</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Com-pàirteachadh gu gnìomhach agus a' cleachdadh a g(h)uth ann an gnìomhachdan seinn bho raon de stoidhlichean agus chultaran, mar eisimpleir, rannan chloinne agus òrain le gluasadan.</li> <li>• Cleachdadh ionnsramaidean leithid drummaichean, clàbhain, bàr fuaime airson an cluich còmhla ri raon de stoidhlichean ciùil.</li> <li>• Roinn smuaintean is faireachdainnean mu eòlasan ciùil leithid ceòl beò agus/no clàraichte, coileanaidhean rannan chloinne le comhaoisean, cuirmean-ciùil sgoile, a' toirt adhbharan airson nithean as toil agus nach toil.</li> </ul>

	<p>a' faighinn tlachd às.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-17a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich, mar eisimpleir, ag innse ma tha an ceòl luath/slaodach no àrd/sàmhach.</li> </ul>
	<p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, agus ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus m' faireachdainnean a chur an cèill tro ghnìomhachdan ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-18a</p>	<p>Ann an conaltradh bheachdan is fhaireachdainnean tro ghnìomhachdan ciùil cruthachail:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh guth airson fuaim agus ruitheam a rannsachadh, mar eisimpleir, a' crònan, a' cagair, a' seinn;</li> <li>• taghadh diofar ionnsramaidean ciùil airson an cluich leithid bàr fuaim, drumma no faram bodhaig, a' rannsachadh fuaim agus ruitheam le, mar eisimpleir, basadh, gnogadh;</li> </ul>
	<p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachdainnean mu cheòl a chur an cèill a thaobh m' obair fhìn agus obair chàich.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh teicneòlas airson fuaim a ghlacadh, mar eisimpleir, clàrdairean claisneachd, maicreafònan, apan agus bathar-bog eile.</li> </ul>



## Ealain Chruthachail Ciad Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<b>Ealain agus Dealbhadh</b>	<p>Tha cothrom agam raon de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn airson ìomhaighean is cruthan a dhèanamh, a' lorg dè nì agus nach dèan iad agus dè na gnìomhan sònraichte do bheil iad freagarrach. <span style="color: #8B4513;">EXA 1-02a</span></p> <p>Is urrainn dhomh obair a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' cleachdadh nan eileamaidean lèirsinneach – loidhne, cumadh, cruth, dath, tònna, pàtran agus gnè stutha. <span style="color: #8B4513;">EXA 1-03a</span></p> <p>Is urrainn dhomh raon de dh'fhiosrachadh lèirsinneach a chruthachadh tro bhith ag amharc agus a' clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh tarsainn a' churraicealaim. <span style="color: #8B4513;">EXA 1-04a</span></p> <p>Le diofar seòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a chur an cèill tro ghnìomhachdan ann an ealan agus dealbhadh. <span style="color: #8B4513;">EXA 1-05a</span></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Clàradh dìreach bho eòlasan tarsainn a' churraicealaim, mar eisimpleir, ag amharc agus sgeidseadh sealladh bhon uinneig, feartan den àrainneachd thogte, peataichean, fèin agus càch.</li> <li>• Taisbeanadh ìomhaighean agus nithean air an cruthachadh, mar eisimpleir, cur frèam sìmplidh timcheall air dealbh, no a' cur nì an òrdugh air stand agus ga amharc bho dhiofar thaobhan.</li> <li>• Fuasgladh co-dhiù aon duilgheadas dealbhaidh co-cheangailte ri fìor-bheatha, a' nochdadh fianais air planadh, mar eisimpleir, dealbhadh nì sìmplidh airson a chaitheamh air a' cheann no air a' bhodhaig.</li> <li>• Ag aithneachadh agus ag ainmeachadh na mòr-chuid de na h-eileamaidean lèirsinneach: loidhne, cumadh, cruth, dath, tònna, pàtran, gnè.</li> <li>• Roinn smuaintean is fhaireachdainnean le bhith a' cur an cèill bheachdan pearsanta mar fhreagairt don obair aig co-dhiù aon neach-ealain no aon neach-dealbhadh.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh ìomchaidh ri beachdan chàich, a' moladh dè tha ag obrachadh gu math agus dè dh'fhaodadh a leasachadh na obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh beagan briathrachais ealain agus dealbhaidh.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh ìomhaighean agus nithean airson beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a chur an cèill:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• taghadh agus cleachdadh teicneòlas agus raon de mheadhanan;</li> <li>• nochdadh tuigse do theòiridh bunasach datha, mar eisimpleir, na dathan dàrnach as urrainnear a dhèanamh bho mheasgachadh air prìomh dhathan;</li> <li>• nochdadh beagan tuigse do fheartan agus cuibhreachaidhean mheadhanan taghte, mar eisimpleir, cleachdadh peansail an àite bruis mhòr airson comharran grinn a dhèanamh, cleachdadh cailc airson beàrnann nas motha a lionadh;</li> <li>• nochdadh tuigse do bhun-bheachd sgèile, mar eisimpleir, riochdachadh bheanntan mar a bhith nas motha na daoine.</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh rannsachadh agus mac-meanmna a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air ceistean dealbhaidh co-cheangailte ri ar beatha làitheil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-06a</p> <p>Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' bruidhinn mu mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhin agus air obair chàich.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-07a</p>	
<p><b>Dannsa</b></p>	<p>Is toil leam a bhith a' cruthachadh ruithean goirid dannsa, a' gabhail a-steach siubhal, tionndadh, leum, gluasadan-bodhaig, stad agus tuiteam, agus an dèanamh gu sàbhailte.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-08a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a chur an cèill tro obair chruthachail ann an dannsa.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-09a</p> <p>Tha mi a' fàs mothachail do dhiofar fheartan ann an dannsa agus is urrainn dhomh ceumanann, cumaidhean agus dannsaichean goirid ionnsachadh is a dhèanamh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh agus coileanadh nan gnìomhan bodhaig co-cheangailte ri tionndadh, leum, gluasad-bodhaig, stad agus tuiteam, le tomhas de smachd.</li> <li>• Cruthachadh, ath-aithris agus coileanadh ruithean dannsa goirid, ag obair leotha fhèin agus le càch.</li> <li>• Cruthachadh ghluasadan agus ruithean dannsa ùra a' cleachdadh an stòir dannsa aca, a' gabhail a-steach diofar astaran agus ìrean, caractaran agus faireachdainnean gus ùidh agus measgachadh a chur ris.</li> <li>• Rannsachadh ruitheam, gluasad agus farsaingeachd agus a' meudachadh chomasan airson cruthachalachd tro ghluasad.</li> <li>• Tuigsinn cuid de na diofar chruthan dannsa, mar eisimpleir, Albannach, Èireannach, Bollywood, tap, baileat, jazz, hip hop agus dannsa foirmeil.</li> <li>• Taisbeanadh tuigse do dh'eagaran simplidh leithid cearcallan no ceàrnagan, tro bhith gabhail pàirt ann an dannsa buidhne.</li> <li>• Taisbeanadh cleachdadh sàbhailte ann an dannsa, mar eisimpleir, a bhith mothachail do fharsaingeachd phearsanta, laighean sìos air am planadh.</li> <li>• Roinn smuaintean is fhaireachdainnean le bhith ag aithris bheachdan pearsanta mar fhreagairt do bhith a' cur eòlas air coileanadh dannsa beò no clàraichte.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich, a' moladh na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a bhith air a</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean mu dhannsa a dheasbad. Is urrainn dhomh beachd reusanta a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-11a</p>	<p>leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh beagan briathrachais dannsa.</p>
<p><b>Dràma</b></p>	<p>Is toil leam a bhith a' cruthachadh, a' taghadh agus a' cluich phàirtean, a' cleachdadh gluasad, faireachdainnean agus guth.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-12a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-13a</p> <p>Tha mi air misneachd agus sgilean ionnsachadh ann a bhith a' cruthachadh agus a' taisbeanadh dràma a tha a' coimhead air suidheachaidhean fìor agus mac-meanmnach, a' gabhail a-steach dràma le sgrìobt agus gun sgrìobt.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-14a</p> <p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' fhaireachainnean mu dhràma a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan breithneachail a thoirt agus a ghabhail air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthachadh, taghadh agus gabhail pàirt caractar taobh a-staigh dràma leithid suidheachadh fìor no mac-meanmhainneach, ath-ghnìomhadh air sgeul, sgeulachd thraidiseanta.</li> <li>• Cleachdadh guth, beachdachadh air cleachdadh neart gutha, dòigh-labhairt, soilleireachd agus astar airson caractar a riochdachadh.</li> <li>• Cleachdadh gluasad ann am pàirtean, a' riochdachadh caractar tro ghluasadan-bodhaig, gnìomhan agus giùlan.</li> <li>• Cleachdadh cruthachalachd ann am pàirt, a' riochdachadh caractar tro chànan bodhaig, mar eisimpleir, coltasan aodainn.</li> <li>• Cruthachadh dràma goirid tro leasachadh gun ullachadh, bho bhrosnachadh sònraichte agus ag obair còmhla.</li> <li>• Nochdadh tuigse do mar a dh'obraichear bho sgrìobt le bhith a' cleasachd no a' labhairt aig an àm iomchaidh, mar eisimpleir, ann an dealbh-chluich Nollaig, sgeulachd fuaime no dàn.</li> <li>• Cur ri leasachadh air dràma, le bhith a' deasbad thaobhan den dràma leithid caractar, coileanadh no sgrìobt, mar eisimpleir, dè chanadh caractar ann an sgeul aithnichte ri caractar eile.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich mu dheidhinn na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh beagan briathrachais dràma.</li> </ul>

<p><b>Ceòl</b></p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus ceòl a chluich o stoidhlichean agus chultaran eile, a' sealltainn mar a tha mo mhisneachd is mo sgil a' fàs fhad 's a tha mi ag ionnsachadh mu leughadh ciùil agus mu stiùiridhean cluiche.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-16a</p> <p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh airson tlachd fhaighinn à bhith a' cluich le fuaim, ruitheam, tònna is daineamaig.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-17a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, agus ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus m' faireachdainnean a chur an cèill tro ghniomhachdan ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-18a</p> <p>Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachdainnean innse agus a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt agus a ghabhail air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Seinn òrain le dìoghras bho raon de stoidhlichean agus de chultaran, a' taisbeanadh measgachadh de mhodhan seinn bunasach leithid pidse ceart, modh-cainnte math agus daineamaig iomchaidh, mar eisimpleir, àrd no sàmhach.</li> <li>• Coileanadh pàirt ruitheamach sìmplidh air raon de dh'ionnsramaidean, mar eisimpleir, cumail na buille a' cleachdadh faram bodhaig/neo-ghleusta.</li> <li>• Coileanadh phàirtean fonnmhor sìmplidh, mar eisimpleir, air faram gleusta, fideag, reacòdair.</li> <li>• Leantainn stiùiridhean gnìomhaidh, mar eisimpleir, leantainn stiùiriche na buidhne.</li> <li>• Leantainn comharradh ciùil sìmplidh, mar eisimpleir, ann an cruth dhealbhan, grafaigs, iuchair thrìobailte.</li> <li>• Roinn smuaintean is faireachdainnean le bhith ag aithris bheachdan pearsanta mar fhreagairt do eòlasan ceòlmhor leithid gnìomhaidhean, cuirmean sgoile agus ceòl à diofar stoidhlichean agus cultaran.</li> <li>• Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich, a' moladh na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh beagan briathrachais ciùil.</li> </ul> <p>Ann an conaltradh bheachd-smuaintean is faireachdainnean tro ghniomhachdan ciùil cruthachail, ag obair leotha fhèin agus còmhla ri càch:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh guth, ionnsramaidean agus teicneòlas gus beachd-smuaintean ciùil a chruthachadh, a' cleachdadh fuaim, ruitheam, pidse agus daineamaig, mar eisimpleir, le bhith cruthachadh cruth-fuaime no le bhith a' cur faram gleusta/neo-ghleusta ris gus feabhas a thoirt air sgeul no òran.</li> </ul>
--------------------	--	---

## Ealain Chruthachail Dàrna Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<p><b>Ealain agus Dealbhadh</b></p>	<p>Tha cothrom agam raon farsaing de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn a-mach airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, gan coimeasadh agus gan cothlamadh airson ghnìomhan sònraichte.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-02a</p> <p>Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-03a</p> <p>Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a chruthachadh a tha a' sealltainn gu bheil mi mothachail do rudan gu mionaideach.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-04a</p> <p>Le diofar seòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a chur an cèill tro ghnìomhachdan ann an ealan agus dealbhadh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-05a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Clàradh bho eòlasan tarsainn a' churraicealaim, a' nochdadh aithne do mhionaideachd, mar eisimpleir, ag amharc agus glacadh na mionaideachd a chithear na chruth nàdarraich, leithid ite no lus no nì inntinneach pearsanta, leithid rothair.</li> <li>• Cruthachadh plana simplidh a tha a' mineachadh mar a rannsaicheas iad agus a leasaicheas iad beachd-smuaintean, mar fhreagairt do stiùireadh dealbhaidh.</li> <li>• Leantainn pròiseas ceum-air-cheum gus beachd-smuaintean a leasachadh agus a chonaltradh, mar fhreagairt do stiùireadh dealbhaidh.</li> <li>• Ag aithneachadh agus toirt iomradh air na h-eileamaidean lèirsinneach nan obair fhèin agus obair chàich.</li> <li>• Taghadh, taisbeanadh agus deasbad fiosrachadh buntainneach bho raon de stòran, mu dheidhinn obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh taghte, mar eisimpleir, a thaobh mar a chleachd iad agus carson a chleachd iad dath no cumadh nan obair.</li> <li>• Mìneachadh le taic bho adhbharan a thaobh na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin no an obair chàich, a' cleachdadh briathrachas ealain agus dealbhaidh iomchaidh.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh ìomhaighean agus nithean gus beachan, smuaintean agus faireachdainnean a libhrigeadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh raon de dh'innealan tarraing gus èifeachdan sònraichte a thoirt gu buil, mar eisimpleir, cleachdadh diofar sheòrsaichean peansail airson tònna a chruthachadh no cleachdadh peann agus inc airson loidhne làidir a chruthachadh;</li> <li>• nochdadh tuigse do na feartan ann an diofar sheòrsaichean peant mar dath-uisge, aicriolach, peant postair;</li> <li>• nochdadh tuigse do na feartan ann an raon de mheadhanan modailidh, tro rannsachadh gnìomhach;</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh mo bheachdan a thoirt air adhart agus an innse do dhaoine eile, a' sealltainn mac-meanmna agus a' lorg co-dhiù aon fhuasgladh air ceist dealbhaidh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-06a</p> <p>Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' bruidhinn mu mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• cur pròiseas clò-bhualaidh an sàs, mar eisimpleir, dèanamh lorgan bho pholastaidhrean;</li> <li>• nochdadh tuigse don diofar eadar meadhanan agus mar as urrainnear meadhanan a chothlamadh gus èifeachdan a chruthachadh, mar eisimpleir, cur creadhan cèire còmhla ri peant uisgeach ann an dealbh;</li> <li>• nochdadh tuigse don bhun-bheachd a thaobh doimhneachd, mar eisimpleir, sealltainn raon-aghaidh, meadhan-raon agus cùl-raon ann an dealbh.</li> </ul>
<p><b>Dannsa</b></p>	<p>Is urrainn dhomh gluasadan fheuchainn a-mach agus a thaghadh airson dannsa a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' toirt air adhart mo sgilean agus mo dhòigh obrach.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-08a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean a chur an cèill tro obair chruthachail ann an dannsa.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-09a</p> <p>Tha mi air pàirt a ghabhail ann an dannsa bho dhiofar stoidhlichean agus chultaran, a' sealltainn gu bheil tuigse agam air nàdar an dannsa.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nochdadh tuigse do phrìomh fheartan dannsa bho raon de stoidhlichean agus de chultaran, tro choileanadh dannsa.</li> <li>• Taisbeanadh co-òrdanachadh agus tomhas de smachd ann an raon de ghniomhan dannsa agus ruithean.</li> <li>• Cruthachadh, ath-aithris agus gnìomhadh pìos dannsa tùsail goirid air a dhèanamh suas à grunn ruithean, ri ceòl no ri ruitheam.</li> <li>• Leasachadh agus grinneachadh a stòr dannsa fhèin tro rannsachadh agus cleachdadh leantainneach.</li> <li>• Taghadh agus cur sgilean dannsa an sàs airson dannsa a chruthachadh a tha a' sealltainn atharrachadh, airson coileanadh aon-neach no coileanadh buidhne.</li> <li>• Fireanachadh a roghainnean cruthachail fhèin a' cleachdadh briathrachas dannsa iomchaidh, mar eisimpleir, mìneachadh gluasad spreadhach air a bhrosnachadh le cleasan-teine a thaobh luaths agus ìrean.</li> <li>• Mìneachadh le taic bho adhbharan, na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh briathrachas dannsa iomchaidh.</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean mu dhannsa a dheasbad. Is urrainn dhomh beachd reusanta a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-11a</p>	
<p><b>Dràma</b></p>	<p>Is urrainn dhomh diofar phàirtean a chruthachadh, atharrachadh agus a chumail suas, a' feuchainn diofar ghluasadan bodhaig is aodainn agus mo ghuth, agus a' cleachdadh teicneòlas ealain dràma.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-12a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-13a</p> <p>Tha mi air dràma le sgrìobt agus gun sgrìobt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail do dhiofar luchd-amais agus shuidheachaidhean.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-14a</p> <p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' fhaireachdainn mu dhràma a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan breithneachail a thoirt air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Taisbeanadh caractar a' cleachdadh modhan caractarachd leithid prìomh shuidheachain, pàirt air a' bhalla, tracadh smuaintean.</li> <li>• Taghadh guth ann an dòigh iomchaidh don phàirt, beachdachadh air àirde fuaim, tònna, solleireachd, astar, caractarachd agus faireachdainn.</li> <li>• Taghadh gluasad iomchaidh don phàirt, mar eisimpleir, gus suidheachadh a' caractair, feartan fiosaigeach agus faireachdainnean a' caractair, a thaisbeanadh.</li> <li>• Taghadh dòigh-labhairt iomchaidh anns a' phàirt, a' taisbeanadh mar a dh'fhaodadh an caractar eadar-chonaltradh le càch, mar eisimpleir, tro chànan bodhaig.</li> <li>• Cleachdadh gluasad, dòigh-labhairt agus guth airson faireachdainn a chruthachadh, mar eisimpleir, guth aig pìdse àrd, sùilean mòra agus bodhaig crùbte airson suidheachadh eagalach a thaisbeanadh.</li> <li>• Cruthachadh dràma goirid mar phàirt de bhuidheann no fa leth, a' cleachdadh leasachadh gun ullachadh no sgrìobt foillsichte.</li> <li>• Togail air tabhartasan chàich ann an leasachadh bheachd-smuaintean airson dràma co-roinnte, a thaobh plot, caractaran agus ealain dràma.</li> <li>• Taisbeanadh dràma goirid mar phàirt de bhuidheann, a' cleachdadh leasachadh gun ullachadh no sgrìobt.</li> <li>• Cleachdadh teicneòlas ealain dràma leithid propaichean, solais agus fuaim bunasach airson gnìomhadh a neartachadh gu h-èifeachdach, mar eisimpleir, taghadh ceòl iomchaidh no èifeachdan solais gus faireachdainn a chruthachadh.</li> <li>• Toirt freagairt phearsanta do eòlasan dràma, le fireanachadh iomchaidh.</li> <li>• Mineachadh le taic bho adhbharan, na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh briathrachas dràma iomchaidh.</li> </ul>

<p><b>Ceòl</b></p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran eile, a' sealltainn sgil agus a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, agus/no comharradh ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-16a</p> <p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh gus fuaimean, tona, fonn, ruitheam, càileachd agus daineamaig, fheuchainn a-mach.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-17a</p> <p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, agus ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus m' faireachdainnean a chur an cèill tro ghnìomhachdan ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-18a</p> <p>Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachdainnean innse agus a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt agus a ghabhail air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gnìomhadh òrain gu h-aon-ghuthach agus ann am pàirtean, fa leth no mar phàirt de bhuidheann, agus a' conaltradh gleus agus caractar nan òran bho raon de stoidhlichean agus de chultaran, leithid òrain tuath-cheòl no òrain à ceòl-chluichean, a' cleachdadh stiùiridhean gnìomhaidh iomchaidh, mar eisimpleir, a' fàs nas àirde/sàmhaiche beag air bheag agus/no comharradh ciùil.</li> <li>• Gnìomhadh air ionnsramaidean, fa leth no mar phàirt de bhuidheann, gus faireachdainn agus caractar pìos ciùil a chonaltradh tro, mar eisimpleir, cleachdadh air daineamaig agus cruthachalachd iomchaidh.</li> <li>• Cur mhodhan labhairteach agus neo-labhairteach an sàs ann an toirt agus/no leantainn stiùiridhean gnìomhaidh, mar eisimpleir, glacadh-sùla agus/no cànan bodhaig.</li> <li>• Cleachdadh guth, ionnsramaidean agus teicneòlas airson ceòl a chruthachadh, a' feuchainn a-mach timbre, mar eisimpleir, cleachdadh ionnsramaidean faraim gleusta/neo-ghleusta airson fuinn agus ruitheaman sìmplidh a chruthachadh.</li> <li>• Mìneachadh roghainn airson pìosan ciùil ris an deach èisteachd, beò agus/no clàraichte, a' cleachdadh bun-bheachdan ciùil iomchaidh.</li> <li>• Ag aithneachadh raon de stoidhlichean ciùil agus comharrachadh cuid de na prìomh ionnsramaidean air an cleachdadh, mar eisimpleir, ann an ceòl clasaigeach, jazz, roc agus ceòl pop.</li> <li>• Mìneachadh le adhbharan, na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh briathrachas ciùil iomchaidh.</li> </ul>
--------------------	---	---



## Ealain Chruthachail Treas Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<b>Ealain agus Dealbhadh</b>	<p>Dh'fheuch mi raon de mheadhanan agus de theicneòlasan airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, a' cleachdadh mo thuigse do am feartan.</p> <p style="text-align: right; color: #8B4513;">EXA 3-02a</p> <p>Is urrainn dhomh na h-eileamaidean agus na bun-bheachdan lèirsinneach a chleachdadh agus a chothlamadh airson beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a chur an cèill ann an obair ealain agus dealbhaidh.</p> <p style="text-align: right; color: #8B4513;">EXA 3-03a</p> <p>Tro amharc agus clàradh, is urrainn dhomh stuth a chruthachadh a tha a' toirt dealbh fhìrinneach air rudan.</p> <p style="text-align: right; color: #8B4513;">EXA 3-04a</p> <p>Tro phròiseas dealbhaidh stèidhichte air stiùireadh dealbhaidh, is urrainn dhomh fuasglaidhean dealbhaidh mac-meanmnach a leasachadh agus a chonaltradh.</p> <p style="text-align: right; color: #8B4513;">EXA 3-06a</p> <p>Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' bruidhinn mu mo smuaintean agus m' faireachdainnean.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Rannsachadh, leasachadh agus conaltradh fuasgladh do stiùireadh dealbhaidh le bhith ag obrachadh tro phròiseas.</li> <li>• Sgrùdadh, deasbad agus mìneachadh mar a tha luchd-ealain agus luchd-dealbhadh a' dèiligeadh leis na meadhanan, a' cleachdadh mhodhan agus phròiseasan, a' cleachdadh eileamaidean agus bun-bheachdan lèirsinneach.</li> <li>• Luachadh na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh no bhith diofraichte nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh briathrachas ealain agus dealbhaidh iomchaidh.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh ìomhaighean agus nithean gus beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a chur an cèill:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• nochdadh mionaideachd a tha a' sìor fhàs ann an riochdachadh na thathar a' faicinn;</li> <li>• nochdadh tuigse do fheartan mheadhanan agus buaidh mhodhan-obrach is teicneòlais a tha air a chleachdadh;</li> <li>• nochdadh tuigse do mar a dh'fhaodas eileamaidean lèirsinneach agus bun-bheachdan lèirsinneach a bhith air an cothlamadh, mar eisimpleir, airson sunnd agus faireachdainn a chruthachadh;</li> <li>• taghadh gu neo-eisimeileach agus cur meadhanan agus modhan-obrach an sàs, a' toirt seachad adhbharan airson an roghainnean.</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-07a</p>	
<p><b>Dannsa</b></p>	<p>Tha mi air cruthachadh agus air pàirt a ghabhail ann an dannsa à raon de dhiofar stoidhlichean agus chultaran.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-08a</p> <p>Is urrainn dhomh mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean mu dhannsa a dheasbad. Is urrainn dhomh beachd reusanta a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gnìomhadh le tomhas de mhisneachd agus nochdadh tuigse do raon de dhiofar stoidhlichean dannsa bho dhiofar chultaran agus na ruitheaman/an ceòl a tha gu tric a' dol còmhla riutha.</li> <li>• Ath-aithris sgilean agus modhan-obrach a tha riatanach airson gluasadan agus ruithean sònraichte a choileanadh ri ruitheam no ri buille.</li> <li>• Togail air cuideachadh bho chàch ann an leasachadh bheachd-smuaintean airson dannsa co-roinnte, mar eisimpleir, le bhith faighneachd agus freagairt cheistean.</li> <li>• Luachadh na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh no bhith diofraichte nan obair fhèin agus obair chàich, a' gabhail a-steach luchd-ealain tadhail, a' cleachdadh briathrachas dannsa iomchaidh.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh agus gnìomhadh an dannsa fhèin:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• taisbeanadh smachd agus fileantas ann an raon de ghnìomhan agus ruithean dannsa a dh'fhaodar ath-ghnìomhadh no atharrachadh;</li> <li>• cur co-dhiù trì innealan cruthachaidh dannsa an sàs, mar eisimpleir, canon, aon-fhuaimneach, ath-aithris, sgàthanachadh, atharrachadh air timeadh, stiùireadh agus ìrean.</li> </ul>
<p><b>Dràma</b></p>	<p>Is urrainn dhomh caractar nàdarach no riochdail a chruthachadh, a leasachadh agus a chumail a' dol, tro bhith a' cleachdadh guth, gluasad agus cànan.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-12a</p> <p>Leis na beachdan a fhuair mi bho dhiofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh cuideachadh le cruthachadh, ullachadh agus taisbeanadh dràma no sgrìobtaichean.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Togail bheachd-smuaintean agus bharailean buntainneach le taic fianais, aig àm com-pàirteachaidh ann an deasbadaidh buidhne no ag obair còmhla.</li> <li>• Taghadh bheachd-smuaintean agus fiosrachadh buntainneach airson dealbhan-cluiche no sgrìobtaichean a chruthachadh a tha freagarrach airson an gnìomhadh air beulaibh luchd-èisteachd, a' taisbeanadh eòlas bunasach air cruth agus structar leithid mìm, leasachadh gun ullachadh, dealbh gun chòmhradh, loidhneach/neo-loidhneach.</li> <li>• Togail air tabhartasan chàich le bhith a' soilleireachadh no a' dèanamh geàrr-iomradh air puingeagan agus leudachadh air na tabhartasan sin.</li> <li>• Taisbeanadh dealbhan-cluiche do luchd-èisteachd airson diofar adhbharan, mar eisimpleir, dibhearsain, fiosrachadh a thoirt seachad, teachdaireachd a</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' fhaireachainnean mu dhràma a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan breithneachail a thoirt agus a ghabhail air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-15a</p>	<p>libhrigeadh, cùis a rannsachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Meòrachadh gu h-èifeachdach air beachd-smuaintean, a' gabhail a-steach beachdan air sgilean riochdachaidh a chleachdadh a thaobh, mar eisimpleir, solais, fuaim, propaichean, maise-gnùise agus falt, gus feabhas a thoirt air dràma/dealbh-chluich, a' cleachdadh briathrachas iomchaidh.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh characteran fìor agus neo-fhìor:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh mhodhan caractarachd airson riochdachadh air caractar a leasachadh agus a dhoimhneachadh, mar eisimpleir, prìomh shuidheachain, cairtean caractair, leantainn smuaintean, caractar air a' bhalla, sgrìobhadh ann an caractar, riochd-ghabhail;</li> <li>• cleachdadh raon de thaobhan gutha gus caractarachd a neartachadh, mar eisimpleir, pidse, astar, neart, tònna, soilleireachd, siùbhlachd;</li> <li>• cleachdadh modh-labhairt agus gluasadan iomchaidh airson caractarachd a neartachadh, mar eisimpleir, coltas aodainn, cànan bodhaig, glacadh-sùla, cleachdadh farsaingeachd, cleachdadh ìrean, gluasad-bodhaig, giùlan.</li> </ul>
<p><b>Ceòl</b></p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus/no ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran agus mo roghainn ciùil a chluich le misneachd, a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, comharradh ciùil agus/no ceòl-cluaise.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-16a</p> <p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil no teicneòlas ciùil a chleachdadh airson ceòl a sgrìobhadh no a dhèanamh suas le fonn, ruitheam, co-sheirm, càileachd agus structar.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-17a</p> <p>Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus aithnichidh mi</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gach neach fa leth a' gnìomhadh ceòl, gun mhearachd, bho co-dhiù dà stoidhle eadar-dhealaichte, a' cleachdadh dà ionnsramaidean no aon ionnsramaidean agus guth, mar ghnìomhadh aon-neach gu ìre co-ionann ri Ìre 1 ABRSM.</li> <li>• Cluich tro èisteachd no cleachdadh comharradh ciùil iomchaidh, mar eisimpleir, comharradh iuchair thriobailte, meurachadh, sgòran grafaigeach no samhlaidhean còrd, airson gnìomhadh buidhne no gnìomhadh fa leth.</li> <li>• Gnìomhadh fa leth no mar phàirt de bhuidheann, a' conaltradh fonn agus caractar pìos ciùil, mar eisimpleir, cleachdadh daineamaig agus modhan iomchaidh le bhith leantainn stiùiridhean gnìomhaidh comharraichte leithid comharran daineamach.</li> <li>• Cleachdadh guth, ionnsramaidean agus teicneòlas airson ceòl a chruthachadh, a' nochdadh tuigse do structar ciùil, mar eisimpleir, cruthachadh ann an cruth seist agus rann simplidh, cruthachadh pìosan goirid sreathaichte a' cleachdadh teicneòlas, cruthachadh ceòl goirid 16 bàraichean ann an cruth càraideach, feuchainn a-mach ghuthan/ionnsramaidean airson èifeachdan fuaim a chruthachadh.</li> </ul>

	<p>feartan agus bun-bheachdan. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile, a' gabhail a-steach obair phroifeiseantaich.</p> <p>EXA 3-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Cleachdadh phlanaichean airson gnìomhadh ciùil iomchaidh, goireasan clàraidh agus comharradh ciùil airson beachd-smuaintean a ghlacadh, mar eisimpleir, cleachdadh comharradh iuchair trìobailte no meurachadh no clàradh a' cleachdadh teicneòlas no cruthachadh plana gnìomhaidh.</li><li>• Ag aithneachadh raon farsaing de stoidhlichean ciùil, comharrachadh ionnsramaidean, gnèithean agus modhan ionnsramaideach.</li><li>• Luachadh an obair fhèin agus obair chàich, a' gabhail a-steach luchd-ealain tadhail, a' cleachdadh briathrachas iomchaidh.</li></ul>
--	--	---

## Ealain Chruthachail Ceathramh Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<p><b>Ealain agus Dealbhadh</b></p>	<p>Tha mi air leantainn air adhart a' feuchainn raon de mheadhanan agus de theicneòlasan, gan làimhseachadh le misneachd agus cinnt gus ìomhaighean is nithean a chruthachadh. Is urrainn dhomh mo thuigse do fheartan mheadhanan agus mhodhan a chur an sàs ann an obraichean sònraichte.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-02a</p> <p>Is urrainn dhomh na h-eileamaidean agus bun-bheachdan lèirsinneach a chleachdadh le faireachadh airson nàdar nithean agus an dàimh ri chèile a shealltainn agus gus fiosrachadh, smuaintean is faireachadh a chur an cèill. Cleachdaidh mi mo sgilean is cruthachalachd airson beachd-smuaintean tùsail a ghintinn nam obair chruthachail is dealbhaidh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-03a</p> <p>Tro chruthachadh raon de stuth fiosrachaidh, is urrainn dhomh mo sgilean a nochdadh a thaobh amharc agus clàradh agus an cleachdadh ann an roinnean eile den churraicealam.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Rannsachadh, leasachadh agus conaltradh fhuasglaidhean do stiùireadh dealbhaidh le bhith ag obair gu neo-eisimeileach agus gu rianail tro phròiseas.</li> <li>• Dèanamh mion-sgrùdadh agus coimeasadh mar a bhios luchd-ealain agus luchd-dealbhadh a' cleachdadh mhodhan agus phròiseasan, làimhseachadh mheadhanan agus cleachdadh eileamaidean agus bun-bheachdan lèirsinneach.</li> <li>• Luachadh agus dèanamh bhreithneachaidhean fiosraichte mu na tha ag obair gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh no bhith diofraichte nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh briathrachas ealain agus dealbhaidh ìomchaidh gu cunbhalach.</li> </ul> <p>Ann an cruthachadh ìomhaighean agus nithean mar dhòigh air beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a libhrigeadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• taisbeanadh mothachalachd agus ìre chunbhalach de mhionaideachd ann an riochdachadh na thathar a' faicinn;</li> <li>• nochdadh doimhneachd tuigse do fheartan mheadhanan agus buaidh nam modhan agus teicneòlas a chaidh a chleachdadh;</li> <li>• taisbeanadh mar a dh'fhaodas eileamaidean agus bun-bheachdan lèirsinneach a bhith air an cothlamadh gus beachd-smuaintean nas iomadh-fhillte a libhrigeadh, mar eisimpleir, a thaobh chuspairean sòisealta no faireachdainneil;</li> <li>• taghadh gu neo-eisimeileach agus cur mheadhanan is mhodhan an sàs le smachd agus barantas, a' toirt seachad adhbharan airson an roghainnean.</li> </ul>

	<p>A' taghadh chuspairean pearsanta agus a' cur mo bheachdan fhìn ri chèile à diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a chur an cèill tro obair 2D no 3D.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-05a</p> <p>Tro phròiseas dealbhaidh stèidhichte air stiùireadh, is urrainn dhomh fuasglaidhean mac-meanmnach agus ùr a leasachadh agus a chonaltradh, airson ceistean dealbhaidh, agus an cur an cèill.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-06a</p> <p>Is urrainn dhomh dòighean-obrach, pròiseasan agus bun-bheachdan ealain agus dealbhaidh a sgrùdadh, agus breith chothromach is beachdan reusanta a chur an cèill mun obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-07a</p>	
<p><b>Dannsa</b></p>	<p>Is urrainn dhomh mo sgilean a chur gu feum ann an dannsa, le grinneas, smachd, mothachadh bodhaig, faireachdainn agus gluasad siùbhlach. Is urrainn dhomh m' amas-ealain a chur an cèill is a bhith mothachail air diofar luchd-amais.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gnìomhadh le misneachd, le smachd agus siùbhlachd, raon de ruithean gluasaid a tha buntainneach do dhiofar stoidhlichean dannsa agus cultaran.</li> <li>• Leudachadh agus leasachadh stòras ghluasadan le bhith rannsachadh agus com-pàirteachadh ann an raon de ghnèithean agus stoidhlichean dannsa bho dhiofar chultaran.</li> <li>• Toirt freagairt phearsanta le fìreanachadh mu luach agus adhbhar ruith-thairis airson gnìomhadh.</li> <li>• Comharrachadh prìomh fheartan ann an dannsa agus mìneachadh gu mionaideach mar a dh'fhaodas beachd-smuaintean agus faireachdainnean an cur an cèill tro ghluasad dannsa, a' cleachdadh briathrachas dannsa iomchaidh gu cunbhalach.</li> <li>• Luachadh taobhan teicnigeach an obair fhèin agus obair chàich, a' gabhail a-steach proifeiseantaich, mar eisimpleir, nochdadh tuigse do mar a tha</li> </ul>

	<p>Is urrainn dhomh teicneòlas ealain àrd-ùrlair a chur gu feum gus mo dhannsa a dhèanamh nas beothaile. <b>EXA 4-08b</b></p> <p>Is urrainn dhomh beachd-smuaintean a thaghadh bho raon de bhrosnachaidhean airson ruithean dannsan a chur ri cheile ann an dòighean chruthachail. <b>EXA 4-09a</b></p> <p>Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an dòighean dannsa agus gnìomhachdan a tha toirt dùbhlàn dhomh agus a' cur ri mo chomasan gluasaid agus rim eòlas air cultaran agus stoidhlichean dannsa. <b>EXA 4-10a</b></p> <p>Is urrainn dhomh taobhan teicnigeach dannsa a sgrùdadh, breithneachadh cothromach a dhèanamh agus beachdan pearsanta a chur an cèill mun obair fhìn agus mu obair dhaoine eile. <b>EXA 4-11a</b></p>	<p>brosnachadh ga chleachdadh mar spreagadh air stòras ghluasadan a chruthachadh, a ghabhas a dhèanamh a-rithist, atharrachadh no dhèanamh freagarrach.</p> <p>Ann an cruthachadh agus gnìomhadh an dannsa fhèin:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• taisbeanadh co-òrdanachadh, smachd agus siùbhlachd gu cunbhalach;</li> <li>• taghadh agus cur an sàs gu h-iomchaidh raon de dh'innealan cruthachaidh, mar eisimpleir, timeadh, slighean, mothachalachd do fharsaingeachd, ìrean, aon-ghuthach, canon, ath-aithris agus atharrachadh;</li> <li>• cruthachadh chuspairean dannsa bho raon de bhrosnachaidhean, mar eisimpleir, claidinneach (ceòl), lèirsinneach (dealbhan), rosg (dàin) agus dath (sunnd);</li> <li>• nochdadh rùn ealantach tro chleachdadh cruthachail air, mar eisimpleir, diofar mhodhan dannsa, aithris (far a bheil sgeul ga innse), propaichean, culaidh, cuspair, daineamaig, sunnd agus gluasad-bodhaig;</li> <li>• cur ealain dràma an sàs gu h-èifeachdach, a' taisbeanadh tuigse do mar a dh'fhaodas gnìomhadh a neartachadh tro, mar eisimpleir, solais, culaidh, maise-gnùise agus propaichean;</li> <li>• gabhail cunntas air buidhnean luchd-èisteachd de dhiofar mheudan agus eòlais.</li> </ul>
<b>Dràma</b>	<p>Is urrainn dhomh mothachalachd, mionaideachd agus doimhneachd a thaisbeanadh ann a bhith a' riochdachadh caractar, a' nochdadh dhàimhean agus shuidheachaidhean ann am measgachadh de dh'àiteachan do dhiofar luchd-amais. <b>EXA 4-12a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nochdadh doimhneachd tuigse do dhiofar mhodhan agus adhbharan airson dràma tro chruthachadh shuidheachaidhean mar fhreagairt do mheasgachadh de bhrosnachaidhean.</li> <li>• Rannsachadh agus leudachadh air tabhartasan chàich le bhith soilleireachadh no geàrr-iomradh phuingean agus/no dùbhlànachadh beachd-smuaintean no beachdan.</li> <li>• Cruthachadh dràma airson diofar adhbharan agus luchd-èisteachd, a' feuchainn a-mach diofar ghnèithean, cruthan, structaran agus stoidhlichean.</li> <li>• Cruthachadh agus cumail suas taobhan den ghuth gus caractarachd a</li> </ul>

	<p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo thuigse air obair characteran a chleachdadh gus characteran a chruthachadh, a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach, a' dèanamh feum de ghuth, gluasad agus cànan. Is urrainn dhomh m' obair a chur fa chomhair luchd-amais.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-13a</p> <p>An dèidh cothrom fhaighinn air stiùireadh deasbaid is dèanamh cho-dhùnidhean, is urrainn dhomh obrachadh leam fhìn agus còmhla ri daoine eile gus piosan dràma agus sgrìobtaichean a chruthachadh, ullachadh agus a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-14a</p> <p>Is urrainn dhomh teicneòlas ealain àrd-ùrlair a chleachdadh gus teanntachd, sunnd agus faireachdainn a neartachadh ann an obair dràma.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-14b</p> <p>Is urrainn dhomh taobhan teicnigeach dràma agus sgrìobtaichean a sgrùdadh, tighinn gu co-dhùnidhean fiosraichte agus beachdan reusanta a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-15a</p>	<p>neartachadh, mar eisimpleir, pidse, astar, àirde, tònna, soilleireachd, blas, altachadh, ìre guth agus fonn cainnt.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthachadh agus cumail suas gluasad iomchaidh gus characterachd a neartachadh, mar eisimpleir, coltas aodainn, cànan bodhaig, cleachdadh farsaingeachd, cleachdadh irean, gluasad-bodhaig, giùlan, ruitheam agus tìmeadh.</li> <li>• Nochdadh misneachd a' taisbeanadh 'ann an character', ag atharrachadh gluasad agus guth airson conaltradh gu h-èifeachdach le diofar luchd-èisteachd, mar eisimpleir, bun-sgoil ionadail, sgoil-àraich, ionad cùraim làitheil.</li> <li>• Cur teicneòlas ealain dràma agus goireasan dealbhaidh an gnìomh gu h-èifeachdach ann am bun-bheachd aontaichte, gus sunnd agus faireachdainn a chruthachadh agus a neartachadh, mar eisimpleir, tro chleachdadh air fuaim, solais, culaidh, propaichean, maise-gnùise agus falt.</li> <li>• Ath-sgrùdadh agus luachadh an adhartais tron phròiseas chruthachail air bunait leantainneach agus leasachadh fhuasglaidhean do dhuilgheadasan mar a bhios iad a' tighinn am bàrr.</li> <li>• Mion-sgrùdadh an gnìomhadh fhèin agus gnìomhadh chàich, a' gabhail a-steach obair chomhaoisean agus far an gabh e a dhèanamh, obair phroifeiseantaich, a' toirt seachad bheachdan mionaideach le fireanachadh iomchaidh, a' cleachdadh briathrachas dràma iomchaidh agus cunbhalach.</li> </ul>
Ceòl	<p>Is urrainn dhomh coileanaidhean cinnteach, faireachdainneil agus mac-meanmhainneach air ceòl guth agus/no ionnsramaid a thoirt seachad, bho raon fharsaing de</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cur an gnìomh ceòl fa leth le mionaideachd agus cinnt, bho co-dhiù dà stoidhle eadar-dhealaichte, a' cleachdadh dà ionnsramaid no aon ionnsramaid agus guth mar choileanaidhean aon-neach gu ìre co-ionann ri stoidhle Ìre 2 ABRSM.</li> <li>• Cluich tro èisteachd no cleachdadh notaireachd ciùil iomchaidh leithid</li> </ul>



	<p>stoidhlichean agus cultaran, a' cleachdadh stiùiridhean coileanaidh, notaireachd ciùil, agus/no cluich tro èisteachd.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-16a</p> <p>Is urrainn dhomh mo roghainn de sgilean guth no ionnsramaid a chleachdadh airson saor-chluich is cruthachadh, a' nochdadh stoidhle is soifiosaigeachd a tha a' sìor fhàs.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-17a</p> <p>Is urrainn dhomh teicneòlas ciùil a chleachdadh airson ceòl a chruthachadh, a chlàradh agus a riochdachadh gus coileanadh a neartachadh.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-17b</p> <p>An dèidh mo bheachd-smuaintean a leasachadh bho raon de bhrosnachaidhean, is urrainn dhomh pìosan ciùil a chruthachadh agus a thaisbeanadh a' cleachdadh raon fharsaing de bhun-bheachdan is bheachd-smuaintean.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-18a</p> <p>An dèidh meòrachadh air m' eòlasan pearsanta, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh agus conaltradh le proifeiseantaich, is urrainn dhomh èisteachd ri raon fharsaing de cheòl agus taobhan dheth a chomharrachadh 's a</p>	<p>notaireachd àrd-chleaf, meurachadh, sgòran grafaigeach, samhlaidhean còird, airson coileanadh fa leth a thaisbeanadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Conaltradh sunnd is caractar ann am pìos ciùil, mar eisimpleir, tro chleachdadh air daimeamaigs iomchaidh agus le bhith a' leantainn stiùiridhean coileanaidh notaichte leithid comharran daimeamach, atharrachaidhean ann an luaths agus comharran faireachdainn.</li> <li>• Cruthachadh agus leasachadh phìosan ciùil a' cleachdadh ionnsramaidean no guth, mar eisimpleir, pìos tònal ann an Cruth Càraideach (AB) a' gabhail a-steach dùnaidhean coileanta is neo-choileanta airson ionnsramaid aon-loidhneach is guth agus taic ciùil còrd briste. Cleachdadh teicneòlas airson clàradh agus meòrachadh air obair thùsail.</li> <li>• Cleachdadh notaireachd ciùil iomchaidh, mar eisimpleir, notaireachd àrd-chleaf no meurachadh no clàradh a' cleachdadh teicneòlas agus cruthachadh plana coileanaidh.</li> <li>• Cleachdadh teicneòlas airson beachd-smuaintean goirid fonnmhor a leasachadh agus a structaradh a-steach do cheòl tùsail, mar eisimpleir, cleachdadh bathar-bog le steach-chur eadar-aghaidh didseatach gus pìos ciùil ann an stoidhle shìmplidh a chruthachadh, a' cleachdadh cheallan ciùil goirid ath-athrisichte.</li> <li>• Cur an gnìomh eòlas air bun-bheachdan ciùil airson beachd-smuaintean tùsail a leasachadh, mar eisimpleir, cleachdadh abairt fonnmhor 2-bhàr agus a' cruthachadh mòr-earrann sreathach a dh'fhaodar atharrais ann am pàirt diofraichte.</li> <li>• Cleachdadh notaichean agus/no stòran eile gus beachd-smuaintean a ghintinn, smaoinichadh fhiosrachadh agus taic a chur ri cruthachadh air coileanadh de cheòl tùsail.</li> <li>• Cleachdadh loga cleachdaidh/coileanaidh airson coileanaidhean a chlàradh agus a mheasadh air ionnsramaidean taghte, a' gabhail a-steach phuingeann airson an leasachadh.</li> <li>• Conaltradh le agus ag èisteachd gu math ri diofar ghnèithean ciùil a tha a' rangachadh bhon àm Baroque gu ceòl nuadh-aimsireil, agus a' comharrachadh bhun-bheachdan ciùil is modhan sgrìobhaidh ciùil iomchaidh, mar eisimpleir, ag èisteachd ri às-earrannan ciùil agus toirt seachad anailis ghoirid sgrìobhte no labhairte, a' gabhail a-steach cleachdadh air bun-bheachdan buntainneach.</li> </ul>
--	---	---

	<p>mhion-sgrùdadh, breithneachaidhean fiosraichte a dhèanamh agus beachdan pearsanta a libhrigeadh air m' obair fhìn agus obair chàich.</p> <p>EXA 4-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Luachadh agus tabhann bheachdan fireanaichte air coileanaidhean chàich, a' gabhail a-steach proifeiseantaich airson slatan-tomhais aontachadh, mar eisimpleir, coileanaidhean chàich ann an "cuirm-chiùil clas" le pìos ciùil tùsail bho chomhaoisean.</li> <li>• Toirt seachad bheachdan measaidheil mu thaobhan den t-susbaint, cruth agus stoidhle choileanaidhean beò agus/no clàraichte, mar eisimpleir, comharrachadh gnè, stoidhle, àm, taobhan teicnigeach, buidhnean ionnsramaideach agus bun-bheachdan iomchaidh eile, a' cleachdadh briathrachas ciùil iomchaidh gu cunbhalach.</li> </ul>
--	--	--